



The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba

Rannsachadh com-pàirteachais phoblaich

Citizen Participation and Public Petitions Committee





Cò mu dheidhinn a tha an rannsachadh?

As t-Earrach 2022 chuir a' Chomataidh Com-pàirteachadh Shaoranach agus Athchuingean Poblach rannsachadh air bhog air mar a chluinnear guthan dhaoine ann an obair na Pàrlamaid.

Tha sinn airson cluinntinn bho dhaoine air feadh na h-Alba, gu sònraichte nuair a bhios sinn ag obair air laghan no poileasaidhean ùra a bheir buaidh orra.

Tha seo cudromach oir tha fios againn nach cluinn Pàrlamaid na h-Alba bho chuid de bhuidhnean is de choimhearsnachdan. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gu bheil beachdan agus smuaintean gach neach ann an Alba air an gabhail a-steach ann an obair na Pàrlamaid.

Thòisich an rannsachadh againn le bhith a' co-chomhairleachadh le daoine air feadh na h-Alba. Tha an leabhran seo ag innse nam prìomh phuingean a thog daoine.

Aig deireadh an rannsachaidh molaidh sinn leasachaidhean, stèidhichte air na tha daoine air innse dhuinn.

Na dh'innis daoine dhuinn

Ged nach eil daoine le feartan dìonta air an riochdachadh gu leòr ann an obair Pàrlamaid na h-Alba, thuir daoine gur iad an fheadhainn le teachd a-steach ìosal as buailtiche dìth riochdachaidh fhulang.

Chan eil daoine bho chùl-raointean bochda a' faireachdainn gun fhiach a dhol an sàs le Pàrlamaid na h-Alba.

Gu tric tha e duilich do dhaoine a dhol an sàs ann an obair Pàrlamaid na h-Alba leis nach eil iad a' faireachdainn gu bheil na riochdairean coltach riutha fhèin, no a' nochdadh feumalachdan is draghan nan coimhearsnachdan aca.

Tha foghlam deatamach ann a bhith a' briseadh sìos chnapan-starra a thaobh com-pàirteachaidh sa phròiseas dheamocratach.

Tha buidhnean tar-phàrtaidh riatanach do chom-pàirt nam mion-bhuidhnean agus an fheadhainn le feartan dìonta ann an obair Pàrlamaid na h-Alba. Is e buidhnean tar-phàrtaidh buidhnean de Bhuill Pàrlamaid na h-Alba agus daoine eile aig a bheil ùidh ann an cuspair no cùis.

Feumaidh Pàrlamaid na h-Alba barrachd a dhèanamh gus innse do dhaoine mun obair com-pàirteachaidh is co-obrachaidh aice, oir tha an fheadhainn ris an dèan sinn conaltradh ga mheas na dheagh eòlas.

Tha neartachadh earbsa ann am poilitigs agus luchd-poilitigs deatamach gus daoine a thoirt an lùib obair Pàrlamaid na h-Alba gu soirbheachail.

Le bhith a' briseadh sìos chnapan-starra a thaobh com-pàirteachaidh, leasaichidh sin iomadachd com-pàirteachaidh agus bheachdan ann an obair Pàrlamaid na h-Alba.

Daoine nach eil cho buailteach a dhol an sàs


Bha fios againn gun robh cuid de dhaoine, a tha air an dìon le Achd Co-ionannachd 2010, nach biodh cho dualtach bruidhinn ri Pàrlamaid na h-Alba – daoine bho mhion-chinnidhean, daoine le ciorraman, no daoine a dh'fhaodadh a bhith a' fulang leth-bhreith air sgàth an aois, gnè/gnè bhith-eòlasach, creideamh, no taobhadh feise.

Dh'innis daoine dhuinn cuideachd gu bheil mòran dhaoine nach eil air an dìon fon Achd aindeonach bruidhinn rinn. Nam measg, daoine air teachd a-steach ìosal, a tha gun obair, a tha a' fuireach ann an sgìrean dùthchail, nach deach dhan oilthigh, no aig nach eil Beurla mar a' chiad chànan aca, agus eile.


Tha mi bho bhuidheann eit-neach agus tha mi ag obair pàirt-ùine air tuarastal as ìsle. Tha dìth misneachd a' bruidhinn sa Bheurla gam chu-mail air ais.




Tha mi geidh agus tha chan eil mòran taic ann dhomh air an eilean far a bheil mi a' fuireach.



Dh'fhàg mi an sgoil aig 16 agus bha mi ag obair gus an do leig mi dhìom mo dhreuchd. Tha an t-eadar-lìon duilich dhomh a chleachdadh.




Tha inbhe shuidhichte agam, ach tha mo dhroch shlàinte-inntinn ga dhèanamh duilich dhomh obair a lorg.



Tha otasam orm agus tha mi a' fuireach nam aonar ann am baile beag dùthchail. Tha mi a' faireachdainn nach eil taic sam bith agam.



Ioma-buaidh



Thog mòran gur mathaid, nuair a tha barrachd air aon de na feartan sin air daoine nach bi iad cho dualtach bruidhinn rinn, is dòcha gum bi iad fiù nas aindeonaiche na càch a dhol an sàs.

£ Airgead

Cheangail daoine airgead agus teachd a-steach gu dlùth ri ìrean foghlaim, inbhe cosnaidh, ùine, agus aois. Ma tha barrachd airgid agad, is dòcha gum bi e nas fhasa dhut faighinn thairis air cnapan-starra eile.

🥕 Brosnachadh

Feumaidh daoine brosnachadh gus pàirt a ghabhail – a bhith a' faireachdainn gun fhiach e an saothair. Gus seo a dhèanamh feumaidh earbsa a bhith aca annainn agus sa phròiseas. Dh'fhaodadh gum bi thu a' tuigsinn an àite agad sa phròiseas nas fheàrr ma tha foghlam agad, ach bha cuid a' smaoinichadh cuideachd gum faodadh daoine beairteach a bhith a' faireachdainn gu bheil an guth aca nas dualtaiche èisteachd fhaighinn.

🕒 Ùine

Tha seo ceangailte ri airgead a thaobh seòrsaichean cosnaidh agus cùram-cloinne, ach thuirt daoine cuideachd nam biodh iad trang, gum feumadh iad a bhith cinnteach gum b' fhiach e dhaibh ùine a

🎓 Foghlam

Feumaidh daoine siostaman poilitigeach a thuigsinn gus an t-àite aca fhèin annta fhaicinn agus ciamar a ghabhas iad pàirt. Tha seo a' tòiseachadh san sgoil. Thuirt tòrr dhaoine nach robh fios aca dè a bhios a' Phàrlamaid a' dèanamh air an son, agus thuirt tòrr dhaoine gu bheil ar cainnt a' cur eagal orra. Feumaidh luchd-poilitigs agus luchd-obrach na Pàrlamaid barrachd ionnsachadh mu na seòrsaichean dhaoine ris a bheil iad a' conaltradh.

Earbsa

Tha tòrr dhaoine air earbsa a chall ann am poilitigs agus ann an luchd-poilitigs leis nach eil iad a' faireachdainn gu bheil iad air an cluinntinn no air an riochdachadh. Tha pàirt aig na meadhanan, ach tha cuid air a dhol an sàs leinn agus nach fhaca an guth a' toirt buaidh air poileasaidh, agus mar sin tha iad air earbsa a chall.

Riochdachadh

Bidh barrachd earbsa aig daoine annainn ma chì iad barrachd dhaoine coltach riutha fhèin air an riochdachadh nar n-obair – daoine bho mhion-bhuidhnean, ach cuideachd daoine le teachd a-steach ìosal no cùl-raointean bochda, daoine à sgìrean dùthchail, agus clann/daoine òga. B' urrainn dhuinn barrachd innse do dhaoine mun obair againn leis na buidhnean sin.

Eagal/dìth

Feumaidh daoine a bhith a' faireachdainn sàbhailte a' gabhail pàirt agus nach eil iad ann an cunnart bho eagal no bho bhurraidheachd (air-loidhne cuideachd). Tha cuid de dhaoine

Stòras

Bha daoine den bheachd gun robh feum air barrachd stòrais gus dèiligeadh ris a h-uile cnap-starra eile. Tha seo a' ciallachadh barrachd ùine agus airgid gus daoine a chuideachadh a bhith an sàs agus èisteachd fhaighinn. Dh'fhaodadh seo a bhith air a chuimseachadh air foghlam, air seirbheisean taice agus air an roinn shaor-thoilich, agus air seirbheisean conaltraidh na Pàrlamaid, mar eisimpleir cuideachadh gus cosgaisean dhaoine a phàigheadh nuair a bhios iad a' gabhail pàirt.

Mun fhiosrachadh seo

Tha na beachdan seo a' tighinn bho iomadh gnìomh eadar-dhealaichte, agus a' riochdachadh beachdan còrr is 460 neach agus buidheann.

Eadar Cèitean agus Iuchar 2022 bha suirbhidh phoblach fosgailte againn. Fhuair seo 305 freagairt bho dhaoine de gach aois air feadh na h-Alba, ann an 25 ùghdarrasan ionadail.

Thuirt mu 17% de na daoine sin nach robh iad air a bhith an sàs ann an obair Pàrlamaid na h-Alba riamh roimhe.

Sgaoil sinn an t-suirbhidh ann an diofar chànanan, agus thug sinn cuireadh do dhaoine cur a-steach anns a' chànan a bu chofhurtaile leotha. Bha aon fhreagairt againn ann am Pòlainnis, chleachd aon neach Gàidhlig, agus bha ceithir freagairtean bho luchd-cleachdaidh Cànan Soidhnidh Bhreatainn (BSL).

Bha suirbhidh againn cuideachd a bha a' coimhead airson barrachd fiosrachaidh mu dhòighean air com-pàirteachadh a mheudachadh. Fhuair sin 35 freagairt bho mheasgachadh de bhuidhnean agus dhaoine fa leth, acadaimigich nam measg.

Chuala sinn bho 119 neach ann an 10 seiseanan buidheann-fòcais. Bhruidhinn daoine bho iomadh àite agus cùl-raon rinn, a' gabhail a-steach dhaoine bho mhion-bhuidhnean eitneach agus in-imrich, daoine le ciorraman corporra agus ionnsachaidh, daoine bho chùl-raointean le teachd a-steach ìosal, agus daoine a tha a' fuireach ann an àiteachan dùthchail agus eileanan.

Thug sinn cuireadh cuideachd do dhaoine tagraidhean a chur thugainn air post-d, agus rinn ceathrar dhaoine/buidhnean seo.

Faigh a-mach tuilleadh

Ma tha thu airson tuilleadh fhaighinn a-mach mun obair againn agus mar as urrainn dhut do bheachdan innse, nach cuir thu fios thugainn.



Seòladh: Comataidh Com-pàirteachadh
Shaoranach agus Athchuingean Poblach
Pàrlamaid na h-Alba, Dùn Èideann,
EH99 1SP



Fòn: 0131 348 5254



Post-d:

petitions.committee@parliament.scot

Faodaidh tu sgrìobhadh thugainn ann an cànan sam bith.